

17 Cèitean 2017

A chàirdean

Bu mhath leam na puingeon a leanas a chur thugaibh mar fhreagairt dhan cho-chomhairleachadh phoblach air Plana [Cànain] Nàiseanta na Gàidhlig 2017-22. Uile-gu-lèir tha mi riarachta leis an dreachd, ged a tha mo fhreagairt a' cur a' chuideim air na laigsean agus na beàrnas as lèir dhomh.

Is dòcha gur e an laigse as cudromaiche gur e glè bheag de thargaidean air no clachan-mìle deimhinne a tha air an sònrachadh anns a' Phlana. Bidh e glè dhuilich, aig deireadh a' phlana ann an 2022, a ràdh an deach amas fa leth a choileanadh gus nach deach. Tha fhios gu bheil cunnart ann a bhith a' sònrachadh thargaidean – gun èirich 'hostages to fortune' – ach tha an dreachd seo air a dhol ro fhada ann a bhith gan seachnadh.

Tha am plana a' cur cuideam air cleachdadh na Gàidhlig – mar bu chòir – ach tha earrann annasach anns an dreachd a' cur an cèill gu bheil am Bòrd 'dhen bheachd gur e seo raon dhan tigeadh buannachd nam bite a' dèanamh sgrùdadh air an obair a nithear airson dèanamh cinnteach gu bheil i cho èifeachdach 's a ghabhas'. Anns a' Bheurla, tha an abairt 'would benefit from a review of approach' air a cleachdadh. Tha e glè dhuilich obrachadh a-mach dè as ciall dha seo – dè tha dol a thachairt anns an 'sgrùdadh' seo. Bhiodh e na b' fheàrr nan robh toraidhean an 'sgrùdaidh' seo air an cur an cèill anns a' Phlana fhèin.

Ged a tha mi ag aontachadh gum bu chòir prìomhachas sònraichte a chur air na coimhearsnachdan eileanach far a bheil a' Ghàidhlig làidir, tha mi a' fuireach anns a' bhaile mhòr agus tha mi glè mhothachail air na duilgheadasan agus na cothroman anns a' cho-theacs seo. Gun teagamh, 's e an duilgheadas as motha nach eil cothroman gu leòr ann Gàidhlig a chleachdadh. Tha seo a' bacadh luchd-ionnsachaidh a tha air an t-slighe gu fileantas agus a' bacadh fileantaich a tha ag iarraidh an cuid fileantachd a chumail. 'S e an goireas as fheàrr agus as fheumaile a bheireadh piseach air an t-suidheachadh 'ionad cànain' a stèidheachadh – àite far an gabhadh tachartasan, coinneamhan agus clasaichean a chumail, àite far am biodh cinnt aig a h-uile duine a thigeadh a-steach gum faigheadh iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh. Tha lionradh de dh'ionadan mar seo anns a' Chuimrigh (faic <http://cymraeg.llyw.cymru/events/canolfannau/?lang=en>) agus tha co-chomhairleachadh a' dol an Èirinn an-dràsta, a' togail air na 'Cultarlannan' ann am Béal Feirste is Doire (faic <http://www.forasnagaeilge.ie/consultation-process-review-funding-irish-language-centres/?lang=en>). Dhèanadh ionadan mar seo feum dha-rìribh ann an Dùn Èideann, Glaschu, Inbhir Nis, Steòrnabhagh agus bailtean eile. (Tha ionad bunaiteach anns an Òban mar-thà, Am Furan).

Mar a tha e an-dràsta, tha na molaidhean anns a' Phlana glè lag a thaobh a bhith a' leudachadh 'cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann am bailtean is cathair-bhailtean na h-Alba' (td. 28). Chan fhaicear an lùib seo ach 'leasachaidhean ùra a dhèanamh ann an spòrs agus sna h-ealain a chruthaicheas cothroman ùra airson Gàidhlig a bhruidhinn'. Tha tòrr a bharrachd a dhìth agus dhèanadh ionadan-cànain diofar mòr.

Bhiodh e gu math iomchaidh dhan Bhòrd a bhith ag obair còmhla ri comhairlean ionadail (an lùib nam planaichean Gàidhlig aca) airson fuasgladh freagarrach a lorg. Tha mi an dùil gun èireadh duilgheadasan agus gun dèante leisgeulan (m.e. a thaobh cleachdadh thogalaichean) ach tha eisimpleirean na Cuimrigh agus na h-Èireann a' sealltainn slighe air adhart.

Tha prìomhachas a' phlana air foghlam anns na sgoiltean ach chan eil na molaidhean glè làidir. Eu-coltach ri plana 2012-17, chan eil targaid ann a thaobh fàs àireamhan sgoilearan ann am FtG agus FLI. Tha seo duilich a thuigsinn. Ma thathas a' faireachdainn gu robh na targaidean ann am plana 2017-22 do-ruigsinneach, bu chòir targaidean a stèidheachadh a tha reusanta (le saothair is spàirn), seach a bhith a' cur às de targaidean a-muigh 's a-mach.

Bhiodh e math cuideam nas làidire a chur air leudachadh chothroman air a' Ghàidhlig; tha mòran, mòran sgìrean ann an Alba (leithid Fìobha, anns an bheil còrr is 370,000 duine a fuireach) far nach eil cothrom air a' Ghàidhlig idir ann an gin de sgoiltean na comhairle. Tha e tàmailteach nach eil comhairle ionadail ùr air tòiseachadh air foghlam tron Ghàidhlig a thabhann bho 1999 air adhart (nuair a thòisich foghlam tron Ghàidhlig ann an Inbhir Chluaidh). Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 cudromach agus bu chòir dhan Bhòrd a bhith gnìomhach agus dripeil ann a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh agus a' brosnachadh phàrantan. Tha an gealltanais air td. 26 a thaobh Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 car lag.

A thaobh foghlam àrd-sgoile, bu chòir cuideam nas làidire a bhith air leudachadh an raon chuspairean a thathas a' tabhann. Tha na molaidhean anns an stiùireadh reachdail feumail ach feumar an cur an gnìomh agus feumar dèanamh cinnteach nach fhaigh na h-ùghdarrasan foghlaim leisgeulan airson cion adhartais.

Tha moladh annasach anns a' Phlana gum bu chòir foghlam tron Ghàidhlig a stèidheachadh anns a h-uile parraiste far a bheil co-dhiù 5% a' bruidhinn a' chànain. Bhiodh seo fìor dhuilich a chur an gnìomh; tha àiteachan den t-seòrsa seo a tha gun fhoghlam Gàidhlig an-dràsta (m.e. a' Mhorbhairne, Eilean Dhiùra) glè dhoirbh a fhrithealadh.

Bu chòir gu leòr a bharrachd a bhith anns a' Phlana a thaobh obair nan oilthighean agus ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich. Chan eil ach aon de na 'prìomh ghealltanaisan' a thaobh foghlam air tdd. 26-7 a' buntainn ri inbhich agus chan eil gin dhuibh a' buntainn ris na h-oilthighean. Gu mì-fhortanach chan eil e follaiseach gu bheil am Bòrd ag aithneachadh farsaingeachd agus luach obair nan oilthighean. Tha seo a' gabhail a-steach oideachadh an ath ghinealach de cheannardan saoghal na Gàidhlig agus rannsachadh aig àrd ìre de gach taobh de chànain is cultar na Gàidhlig. A thaobh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich, tha e follaiseach gu bheil slighean ùra a dhith, gu h-àraidh a thaobh dian-chùrsaichean anns na bailtean, far a bheil a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh a' fuireach. Thug call Clì Gàidhlig bho chionn goirid cron mòr air an àrainneachd ionnsachaidh do dh'inbhich agus cha deach a' bheàrn seo a lìonadh.

Tha na molaidhean a thaobh nan ealan Gàidhlig lag. Chan eil iomradh air an 'ailbhean san t-seòmar', i.e. gun do chuireadh às de Phròiseact nan Ealan rè beatha plana 2012-17. Tha na h-ealain Ghàidhlig a-nis mar soitheach gun stiùir, agus tha e deatamach gum faighear fuasgladh iomchaidh. Tha an dreachd plana ag ràdh gu bheil am Bòrd 'ag amas air fòcas nas làidire is co-chrochte a thoirt air na h-ealain Ghàidhlig' agus gun tèid 'prògram [‘initiative’ san tionndadh Bheurla] a dhealbh airson seasmhachd a thoirt don roinn seo, a' neartachadh cliù agus èifeachd na roinne' ach tha e do-dhèanta obrachadh a-mach dè tha seo a' ciallachadh an da-rìribh.

Tha earrannan feumail anns an dreachd a thaobh ìomhaigh na Gàidhlig. Tha e deatamach gun atharraichear ro-innleachd a' Bhùird a thaobh nam meadhanan. Chan eil am Bòrd air a bhith faisg air gnìomhach gu leòr gu ruige seo agus tha e follaiseach gun deach ìomhaigh phoblach na Gàidhlig a dhochann.

Mu dheireadh, chan eil gu leòr anns a' Phlana a thaobh planaichean Gàidhlig nam buidhnean poblach agus gu h-àraidh mar bu chòir do bharrachd bhuidhnean a dhol an sàs anns a' phròiseas seo rè beatha a' Phlana. Bhiodh e feumail nan robh tuairmse air an àireamh bhuidhnean ùra a dhèanadh plana (can 6/bliadhna) a' nochdadh anns a' Phlana Nàiseanta. Tha mòran bhuidhnean cudromach gun phlana Gàidhlig fhathast; dhiubh sin, is dòcha gur e an Scottish Courts and Tribunal Service an tè as cudromaiche.

Tha mi an dòchas gu bheil na molaidhean seo feumail agus gun gabh am Plana a neartachadh.

Leis gach deagh dhùrachd

Wilson McLeod